

# COIMISEAN NA CROITEARACHD

## GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH-ÒSTA SGEUBOIST, AN t-EILEAN SGITHEANACH AIR 4 SAMHAIN 2015 aig 08:45m

An làthair:	Colin Kennedy	Neach-gairm
	IG Macdonald	Iar-Neach-Gairm (bho 08:55m)
	David Campbell	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	William Swann	Coimiseanair
	Catriona Maclean	Àrd-Oifigear
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	Donna Smith	Ceannard Siostaman Fiosrachaidh
	Lucy Carmichael	Riaghaltas na h-Alba, Dùn Èideann
	Posy MacRae	Manaidsear Conaltraidh
	Morag Menzies	PA don Neach-gairm, geàrr-chunntas
	Ewen McPherson	SGRPID, Port Rìgh (bho 09:30m)
	Lucy Sumsion	NFUS (bho 09:30m)
	John W Gillies	Ball den phoball (bho 09:30m)
	Calum MacLean	BBC, Alba (bho 09:30m)
	Andrew Banks	Ball den phoball (bho 09:30m)
	Janette Sutherland	Ball den phoball (bho 09:30m)
	Alister Beaton	Ball den phoball (bho 09:30m)
	Jake Sayles	NFUS (bho 09:30m)

### 1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan mar a leanas:

Arnie Pirie, Coimiseanair

Jane Thomas, Ceannard Seirbheisean Corporra is Theachdaiche

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach don choinneamh agus thuirt i gur e fìor thlachd a bh' ann a bhith a' cumail Coinneamh Bùird san Eilean Sgitheanach.

### 2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich an Coimiseanair MacIlinnein com-pàirt ann an nì 17a, Ionaidh Coitcheann Hùisinn an aghaidh Comataidh Ionaidh an Sgairp.

Dh'fhoillsich an Coimiseanair Dennis com-pàirt ann an nì 17d, Ionaidh Coitcheann Both Fhiondain agus Club Stoc Chaorach.

### 3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS A' BHÙIRD AIR 16 SULTAIN 2015

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 16 Sultain 2015.

#### 4 CÙISEAN AG ÈIRIGH

Chaidh coimhead ri Puingean Gnìomha bhon choinneamh mu dheireadh air 16 Sultain 2015:

- Duilleag 3, Nì 6, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi an Cunntas Ionaltraidh air a sgaoileadh an-ath-bhliadhna, agus mar a bhios Riaghailtean gach Ionaltraidh Coitcheann air an ath-ùrachadh, gheibh gach Ionaltradh Coitcheann cuireadh an Cunntas Ionaltraidh a lìonadh, a bhios cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn a' Choimisein.
- Duilleag 7, Nì 11, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear, an dèidh iarrtas do Choimiseanairean dà Mheasadair an urra a mholadh a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson dreuchd Measdair speisealaichte, gun do fhreagair trìùir Choimiseanairean. Tha ceann-latha deireannach de 13 Samhain 2015 air a chur mu seach airson Coimiseanairean sam bith eile freagairt le moladh a thaobh Mheasadairean airson na dreuchd seo, agus às dèidh a' chinn-latha seo cuirear na h-ainmean gu Coimiseanairean airson an aonta, mus fhaighnichear do na Measadairean aontaichte a bheil ùidh aca ann an com-pàirteachadh sa phileat gus an dreuchd speisealaichte a leasachadh.
- Duilleag 11, Nì 14, chomhairlich Neach-lagha a' Choimisein, ann an cùis tagraidh 186 Srath Mhealanais gun do dh'òrdaich Cùirt an Fhearainn beagan ùine (sist) a' leantainn air an stiùireadh bhon Choinneamh Bùird mu dheireadh, agus tha a' chùis sistichte gu 30 Samhain 2015 a' feitheamh ri iarrtas clàraidh. Mura faighear iarrtas clàraidh ron cheann-latha seo, faighnichidh Neach-lagha a' Choimisein a bheil iad airson an sist a chumail a' dol.
- Duilleag 12, Nì 14c, dh'fhoillsich an t-Iar-Neach-gairm agus Coimiseanair MacIllinnean com-pàirt agus dh'fhàg iad an seòmair aig 09:40m.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear, a' leantainn air a' Choinneamh Bùird mu dheireadh nuair a chaidh deasbad air Ionaltradh Coitcheann Mhangarstaidh, gu bheil e air a thighinn am follais gu bheil a' Chomataidh a bha an sàs sa chùis làithreach air a dhol a-mach à oifis agus gun deach Comataidh ùr fhadhadh sa Mhàrt 2015.

Dh'aontaich an Coimisean sgrìobhadh gun Chomataidh ùr a dh'fhaighinn a-mach a bheil an t-airgead uile a bha ri fhaighinn air a riarachadh. Gheibh a' Chomataidh ùine mìosa airson freagairt, agus mura faighear freagairt no mura h-eil an t-airgead air a riarachadh, fastaidhear Oifigear Sgrùdaidh airson coimhead ris a' chùis. Cuirear an litir a thèid a-mach gun Chomataidh gu na Coimiseanairean air post-d airson aonta mus tèid i a-mach.

Dh' aontaich an Coimisean ris a' mholadh seo.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh' aontaich an Coimisean gu bheil litir ri cur a-mach gu Comataidh Ionaltradh Coitcheann Mhangarstaidh, an dèidh aonta bho na Coimiseanairean, ag iarraidh orra an Coimisean fhiosrachadh an taobh a-staigh mìos a bheil an t-airgead uile a bha ri fhaighinn air a riarachadh. Mura faighear freagairt no mura h-eil an t-airgead air a riarachadh, thèid Oifigear Sgrùdaidh fhadhadh airson coimhead ris a' chùis.</b>
-------------------	--

Thill an t-Iar-Neach-gairm agus Coimiseanair MacIllinnein air ais don t-seòmair aig 09:45m.

## 5 PÀIPEAR ADHARTAICHTE AIRSON AONTA

### (a) Gearanan Earrann 58A(4)(d)

Thaisbean Neach-lagha a' Choimisein am Pàipear, a tha a' toirt iomradh air puing theicnigeach a thaobh ghearanan a fhuair an Coimisean, co-cheangailte ri iarrtasan airson aonta no cead.

A thaobh na mòr-chuid de thagraidhean airson aonta no cead, ach a-mhàin tagraidhean earrann 58A(6A) agus earrann 50B, tha pàrtaidhean àraid airidh air gearan a chur a-steach gun Choimisean a thaobh an tagraidh, an taobh a-staigh 28 latha às dèidh fios poblach. Faodar gearan a chur a-steach leis an uachdaran, ball den choimhearsnachd croitearachd no le **“neach sam bith eile a tha an Coimisean am beachd aig a bheil ùidh buntainneach san tagradh”**. Ann am beachdachadh air an tagradh, feumaidh an Coimisean a bhith mothachail do na feartan a tha mìnichte ann an earrann 58A(7) anns a bheil ùidhean a' phobaill san fharsaingeachd agus leasachadh seasmhach na coimhearsnachd croitearachd. Tha co-dhùnadh sam bith leis a' Choimisean nach toir urram do na feartan sin, fosgailte do ath-thagraidh.

Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear.

<b>Co-dhùnadh</b>	<p><b>Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear agus dh'aontaich iad ri crìochan a thaobh dè th' ann an 'ùidh bhuntainneach' mar a leanas:</b></p> <ul style="list-style-type: none"><li>• <b>ùidh ionmhasail / sealbhach a ghabhas a thomhais ann am buil an tagraidh ris a bheil an gearan co-cheangailte;</b></li><li>• <b>fagasachd dhlùth chruinn-eòlasach do chroit an neach-gearain ri croit a' chroiteir a tha a' tagradh;</b></li><li>• <b>'ùidh' fad-amail sa chroit air nach eil gabhaltas croite leithid fo-leigeil air màl no for-ghabhail air croit agus/no taigh croite thar ùine shònraichte – ged a tha e duilich fhaicinn ciamar a bheireadh 'ùidh' den t-seòrsa sin buaidh ann an da-rìribh air buil tagraidh sam bith (faic ECHR gu h-ìosal);</b></li><li>• <b>a bheil an 'neach-gearain' air a thaisbeanadh gu bheil an gearan/tagradh co-cheangailte ri pàirt sam bith de earrann 58A(7), mar seo:-</b><ul style="list-style-type: none"><li>○ <b>ùidhean na coimhearsnachd croitearachd san nàbaidheachd;</b></li><li>○ <b>leasachadh seasmhach na coimhearsnachd croitearachd;</b></li><li>○ <b>ùidhean a' phobaill san fharsaingeachd;</b></li><li>○ <b>cùis sam bith eile a tha an Coimisean a' meas buntainneach;</b></li></ul></li><li>• <b>a bheil beachdachaidhean ECHR sam bith ann (gu h-àraid Artaigil 1 Co-ghnàths 1).</b></li></ul> <p><b>Dh'aontaich an Coimisean far a bheil a leithid sin de 'neach-gearain' a' tuiteam an taobh a-staigh nan crìochan sin, co-dhùinidh Coimiseanair fa leth an gabhar no nach gabhar ris a' ghearan a chaidh a chur a-steach. Far a bheil an 'neach-gearain' a' tuiteam taobh a-muigh nan crìochan, bidh brìgh a' ghearan na cùis don Bhòrd slàn a dhearbhadh. Bidh aig a' Bhòrd ri beachdachadh a bheil ùidh bhuntainneach anns gach nì. Anns gach cùis, tha gu bheil a leithid sin de ghearan air a mheas dligheach leis a' Choimisean, fa leth bhon cheist a thaobh airidheachd agus dè bu chòir de chuideam a thoirt dha, no nach bu chòir iadir. Dh'fhaodadh gum biodh e gu leòr dha a bhith</b></p>
-------------------	---

	<b>direach air a thaisbeanadh gun robh an Coimisean air beachdachadh air a' ghearan mar phàirt den phròiseas co-dhùnaidh. Feumar dèiligeadh le gearan sam bith a rèir nam prionnsabalan a tha air am mineachadh ann an Stewart –v- Coimisean na Croitearachd (Tagradh RN SLC/40/11 – Òrdugh de 10 Giblean 2013).</b>
--	--

## 6 ÙR-FHIOSRACHADH NAM BUIDHNEAN-OBACH GEÀRR-AMA

**Co-dhùnaidhean Tiomnaichte STWG** – Chomhairlich an Neach-gairm gun do choinnich a' bhuidheann seo o chionn ghoirid gus co-dhùnadh air frèam-obrach agus crìochan do Ìrean 1, 2 agus 3 de phròiseas Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte. Tha adhartas nach beag air a choileanadh agus tha a' chiad cho-dhùnadh fo Ìre 1 air a ghabhail a-cheana a thaobh tagradh Làrach Taigh Croite agus Fearann Gàrraidh airson croit 1 Cruard ann an Slèite san Eilean Sgitheanach.

Dh'iarr an Coimisean gum biodh geàrr-iomradh de cho-dhùnaidhean air an gabhail fo Co-dhùnaidhean Tiomnaichte air a chur gu gach Coimiseanair fa leth gach mìos, a' nochdadh an sgìrean fhèin. Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun deigheadh seo a dhèanamh.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir geàrr-iomradh air co-dhùnaidhean air an gabhail fo Co-dhùnaidhean Tiomnaichte a bhith air a chur gach mìos gu na Coimiseanairean fa leth, a' taisbeanadh an sgìrean fhèin.</b>
-------------------	---

## 7 AITHISG BHO CHOIMISEANAIREAN – TACHARTASAN AIR SAM PLANADH AGUS/NO AIR AM FRITHEALADH

**Neach-gairm** – Fhritheil an Neach-gairm Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Coinneamh Buidheann Crois-phàrtaidh ann an Dùn Èideann, dà choinneamh Lèirsinn Croitearachd, gu bhith a' frithealadh coinneamh ann an Steòrnabhagh san t-Samhain gus cùis a tha a' dol air adhart a dheasbad, agus a' frithealadh Fosgladh Oifigeil na Colaiste ùire ann an Inbhir Nis san t-Samhain.

**Iar-Neach-gairm** – Fhritheil an t-Iar-Neach-gairm tachartas a' comharrachadh cluaineas Dhaibhidh Mhic a' Bhiocair agus Tom Palmer bho SGRPID ann am Port Rìgh, agus bha an t-Iar-Neach-gairm airson fàilte a chur air Ewen Mac a' Phearsain gu Coinneamh a' Bhùird an-diugh oir bha e an àite Dhaibhidh Mhic a' Bhiocair. Fhritheil an t-Iar-Neach-gairm Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Luirg, thadhail e air an Sgarp le taing do Choimiseanair MacIllinnein, fhritheil e Coinneamh Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean, choinnich e ri Petra Lackova bho Institiud James Hutton gus deasbad air ionaltradh coitcheann, fhritheil e Coinneamh Comataidh Sgrùdaidh is ionmhais, na phàirt de sgioba a bha an sàs ann an leigeil croit air màl ann am Port nan Long, na chathraiche air Coinneamh nam Measdair agus Mòr-chuairt ann am Port Rìgh air 3 Samhain, gu bhith a' frithealadh coinneamh ann an Steòrnabhagh san t-Samhain còmhla ris an Neach-gairm gus cùis làithreach a dheasbad, agus a' coinneachadh a' Mhinistear air 9 Samhain còmhla ris na Coimiseanairean eile.

**Coimiseanair Swann** – Gu bhith a' tadhal ann an Arcaibh còmhla ri HIE ach chaidh an turas a chur dheth. Tha an Stiùiriche Leasachaidh aig HIE a' fàgail agus iarraidh an Coimiseanair Swann coinneamh gu luath leis an ionadaiche aice, gus deasbad air leasachadh croitearachd.

**Coimiseanair Sinclair** – Fhritheil an Coimiseanair Sinclair Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Sealtainn air 7 Dàmhair, fhritheil i Coinneamh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus coinneamh eile gus deasbad air leigeil croit air màl.

**Coimiseanair Campbell** – Fhritheil an Coimiseanair Caimbeul Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Luirg, Coinneamh Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte STWG, Coinneamh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, coinneamh leigeil croit air màl ann am Port nan Long, agus Latha A-Muigh Luchd-obrach Riaghlaidh ann an Sgìre Raoghaird an t-seachdain a chaidh.

**Coimiseanair MacLennan** – Fhritheil an Coimiseanair MacIllinnein fèill-reic nan uan ann am Steòrnabhagh, grunn choinneamhan le croitearan ann an oifis SGRPID ann an Steòrnabhagh, Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Steòrnabhagh agus ann am Port Rìgh. Bha dùil aige freastal-lann a chumail ann am Barraigh ach chaidh na h-aiseagan a chur dheth agus mar sin bha aig a' choinneamh sin ri h-eagrachadh a-rithist.

**Coimiseanair Dennis** – Fhritheil an Coimiseanair Dennis Mòr-Chuairt na Croitearachd ann an Inbhir Theòrsa, coinneamh le Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh far an tug am Manaidsear Cleachdaidh Fearainn seachad taisbeanadh air àiteachas ann an Alba san àm ri teachd, coinneamh ann am Peairt às leth a' Choimisein mu Fòram Monaidh na h-Alba agus tha am Fòram a' coimhead airson neacheigin a riochdaicheas ùidhean croitearachd mar phàirt den bhuidheann a bhios ag ath-sgrùdadh Còd Muirburn. Ma tha ùidh aig neach sam bith ann, bu chòir dhaibh fios a chur gu Coimiseanair Dennis no chun an Àrd-Oifigeir. Fhritheil i Coinneamh Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte STWG agus bidh i a' frithealadh na coinneimh leis a' Mhinistear air 9 Samhain.

## **8 PRÒISEACT IONALTRAIDH**

Thug Ceannard IS fiosrachadh às ùr air adhartas leis a' Phròiseact Clàraidh Ionaltraidhean.

Tha am pròiseact maoinichte le Riaghaltas na h-Alba gu deireadh a' Mhàirt 2016.

Gu ruige seo, tha an Coimisean air conaltradh ri 485 comataidh ionaltraidh agus dhiubh sin tha 195 ionaltradh coitcheann air clàradh. Tha càrn-obrach ri choileanadh agus mar sin cuiridh luchd-obrach dlùth-aire air na 290 ionaltradh coitcheann a tha air fhàgail ri chlàradh, sa bheil iad an sàs mar-thà.

## **9 AITHISG NA COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS**

### **(a) Ùr-fhiosrachadh bho Choimiseanair Swann**

Thug an Coimiseanair Swann seachad fiosrachadh às ùr a' leantainn air Coinneamh an AFC a chaidh a chumail air 20 Dàmhair 2015.

Air duilleag 1 Nì 4 de gheàrr-chunntas AFC, bha cìsean an Sgrùdaidh bhon taobh a-muigh air an daingneachadh airson na h-ath bhliadhna agus chaidh am prògram ùrachadh airson aithisg an Sgrùdaidh bhon taobh a-muigh a bha gu bhith a' tighinn chun a' Choimisein.

Feumar ath-sgrùdadh a dhèanamh air Sgeama an Tiomnaidh Ionmhasail agus tha a' Chomataidh a' dùileachadh sgrìobhainn frèam-obrach ùr bho Riaghaltas na h-Alba airson Aithris Ionmhasail, ach leanar leis an stiùireadh Ionmhasail làithreach gus am faighear an sgrìobhainn ùr.

Bhathar den bheachd gun robh na Cumhachan Iomraidh làithreach riarachail.

Choimhead a' Chomataidh ri Aonta nan Seirbheisean Ionmhasail Co-roinnte le SNH agus bhathar den bheachd gun robhar fhathast a' faighinn an luach as fheàrr às na cisean. Bha a' Chomataidh riarachta leis an Aonta Ìre Seirbheis le ùmhlachd do dh'atharrachadh no dhà.

Bithear a' deasbad air Poileasaidh Bacaidh Foill fo Às-dhùnadh a' Phobaill 's na Meadhanan.

Nochd ath-bhreithneachadh gun robh am Poileasaidh Brathaidh freagarrach gu leòr airson na h-obrach agus chaidh an Clàr Cunnairt ath-bhreithneachadh.

Bidh Taisbeanadh ionmhasail cunbhalach aig a' Chomataidh ann an co-rèir ri Prìomh Chomharran Coileanaidh eile.

Chaidh ath-bhreithneachadh a dhèanamh air Prìomh Chomharran Coileanaidh agus b' e an comharra a thaobh Siostaman Fiosrachaidh an t-aon chomharra a bha a' seasamh a-mach.

Choimhead a' Chomataidh ris na feumalachdan sgrùdaidh ann am pròiseas ùr Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte agus feumaidh poileasaidh ùr a thaobh cunbhalachd cho-dhùnaidhean a bhith air a chur an gnìomh, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas ag obair ceart.

Bha an Coimiseanair Swann den bheachd gum bu chòir an SPSO a chomhairleachadh a thaobh atharrachadh a' Choimisein ann am pròiseasan cho-dhùnaidhean, agus dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear labhairt riutha gu neo-fhoirmeil.

Bha an Aithisg Ionmhasail bhon Mhanaidsear Ionmhais ceart gu leòr, agus a rèir Tabhartas-gus-Cuideachadh airson na h-ìre seo sa bhliadhna ionmhasail.

Chomhairlich an t-Iar-Neach-gairm gun robh e air Coinneamh AFC a fhrithealadh mar neach-coimhead, agus gun robh e air a ghluasad le proifeiseantachd Coinneamh na Comataidh.

**(b) Dreach Geàrr-chunntas Coinneamh AFC air 20 Dàmhair 2015**

Chaidh aonta a chur ris an dreach geàrr-chunntas.

**(c) Clàr Cunnairt**

Thaisbean an t-Àrd-Oifigear an Clàr Cunnairt agus chomhairlich i gun dèan an t-Àrd-Sgioba Stiùiridh ath-bhreithneachadh air a' Chlàr Cunnairt air bunait chunbhalach. Is e an Siostam Fiosrachaidh Croite ùr an cunnart as cudromaiche, agus tha na cunnartan eile a tha dearg no òmar uile co-cheangailte ri buileachadh an t-siostaim coimpiutair ùr.

**(d) Prìomh Chomharran Coileanaidh**

Chomhairlich an Coimiseanair Swann gu bheil na KPIan gan dearbhadh fhèin mar inneal a tha feumail gun a bhith ro throm air ùine luchd-obrach.

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear a thuilleadh air dragh mun t-siostam ùr coimpiutair CIS, gu bheil dragh ann cuideachd mu thillidhean a' Chunntais a dh'fheumas 9000 atharrachadh ann an dàta mus urrainnear an tha fhoirm Cunntais a chur a-mach. Gu ruige seo, tha luchd-obrach air 7000 de na h-atharrachaidhean sin a ghiullachd agus tha an t-Àrd-oifigear a' dèanamh moladh air an luchd-obrach airson an obair chruaidh a rinn iad. Chaidh dàil ann am foillseachadh an t-siostaim ùr CIS, gus ùrachadh air na h-atharrachaidhean dàta uile a chomasachadh, agus cuirear a-mach an ath fhoirm Cunntais aig deireadh na Dùbhlachd 2015.

Chomhairlich Coimiseanairean gun robh iad air ais-fhiosrachadh fhaotainn bho chroitearan gun robh an fhoirm Cunntais glè fhurasta a lìonadh, nì a tha misneachail.

Chomhairlich an Coimiseanair Swann gu bheil Sgrùdadh Alba toilichte leis an dòigh a tha dleastanasan riaghlaidh a' Choimisein a' tighinn còmhla, agus tha e a' faireachdainn gu bheil an Coimisean san t-suidheachadh as làidire san robh e a-riamh, a thaobh mar a tha e ag aithris agus a' clàradh fiosrachaidh agus mar a tha na Poileasaidhean air am buileachadh.

Bha an Neach-gairm airson taing fhoirmeil a thoirt don Àrd-Oifigear, an luchd-obrach aice agus gach neach a bha an sàs ann am faighinn chun na h-ìre chudromaich seo.

## 10 ÙR-FHIOSRACHADH CIS

Sgaoil Ceannard IS sgrìobhainn loidhne-tim agus fhuair e ùr-fhiosrachadh air mar a tha an siostam coimpiutair ùr, Siostam Fiosrachaidh Coimpiutair (CIS) a' faighinn air adhart. Bhathar an dòchas an siostam ùr a chur air bhog aig toiseach na Samhna 2015 ach tha an ceann-latha sin air a dhol air ais air sgàth diofar chùisean eile. Tha an luchd-obrach ag obair cruaidh air togail an t-siostaim IT agus na pròiseasan. Bidh deuchainnean cleachdaidh a' dol air adhart tron t-Samhain agus leasaichear stuthan trèanaidh bhon t-Samhain gus an Fhaoilleach. Aon uair 's gu bheil an siostam deiseil airson a dhol beò, bidh an dàta uile bhon t-siostam CADs air imrich a-steach don t-siostam ùr CIS. Mura tèid sin mar as còir airson adhbhar air choreigin, bidh an siostam CADs fhathast ann airson a chleachdadh mar thaic. Gu mì-fhortanach, tha CADs gu làithreach air seann bhathar-cruaidh a dh'fhaodadh a bhith doirbh fhaotainn nam fàilligeadh e. Gus seo a chuideachadh, bidh an dàta air imrich aig deireadh na Samhna.

Dh'iarr an Coimisean gum biodh Pàipear air a thoirt gun ath Choinneamh Bùird a dhaingneachadh don Choimisean gu bheil dàta air a lethbhreacadh gu ìre fhreagarrach agus nach caillear e nam fàilligeadh an siostam CADs. Bidh am fiosrachadh seo air a chur air adhart gun AFC aig an ath choinneamh aca anns an Fhaoilleach. Bu mhath leis a' Choimisean ùr-fhiosrachadh cuideachd aig an ath Choinneamh Bùird mun cheann-latha as coltaiche a thèid an siostam CIS beò.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'iarr an Coimisean gum biodh Pàipear air a thoirt gun ath Choinneamh Bùird a dhaingneachadh don Choimisean gu bheil dàta air a lethbhreacadh gu ìre fhreagarrach agus nach caillear e nam fàilligeadh an siostam CADs.</b> <b>Bu mhath leis a' Choimisean ùr-fhiosrachadh cuideachd aig an ath Choinneamh Bùird mun cheann-latha as coltaiche a thèid an siostam CIS beò.</b>
-------------------	---

Bha an Coimisean airson an taingealachd a chlàradh a thaobh na tha de dh'obair a' dol air adhart ann an leasachadh agus buileachadh an t-siostam ùr coimpiutaireachd. Tha iad a' tuigsinn gum feum luchd-obrach a bhith fo mhòran cuideim ach an dòchas gum faic a h-uile neach na buannachdan a dh'aithghearr.

## 11 ÙR-FHIOSRACHADH CUNNTAIS 2015

Chomhairlich Ceannard IS gun robh am foirm Cunntas air ùrachadh agus air a shimpleachadh, agus sgaoilear e aig deireadh na Dùbhlachd 2015.

Feumaidh an 9000 atharrachadh a chaidh aithris ann an tilleadh Cunntais 2014 a bhith air an ath-ùrachadh le luchd-obrach ro 4 Dùbhlachd 2015, airson an gabhail a-steach do Chunntas 2015. Ma bhios cuid de dh'atharrachaidhean nach urrainn don luchd-obrach ùrachadh roimhe sin, thèid litir a-mach thucasan a tha fo bhuaidh sin, gan comhairleachadh mun t-suidheachadh agus an t-adhbhar.

Thathar an dòchas gum bi lùghdachadh air an àireamh de ghairmean-fòn a thàinig a-steach às dèidh don Chunntas 2015 a dhol a-mach, oir tha am foirm air a shimpleachadh. Cuirear a-mach duilleag le Ceistean Bitheanta còmhla ris an fhoirm Cunntais ùr.

## 12 ÙR-FHIOSRACHADH NA COMATAIDH GHEARANAN

### (a) Ùr-fhiosrachadh

Thug an t-lar-Neach-gairm fiosrachadh às ùr seachad a' leantainn air Coinneamh na Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean air 14 Dàmhair 2015. Chomhairlich e, ged a fhrithheil an Neach-gairm Coinneamh na Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean agus tha poileasaidh ag ràdh ma fhrithheileas an Neach-gairm coinneamh gum feum e a bhith sa chathair aig a' choinneamh sin, thiomnaidh an Neach-gairm an obair sin don lar-Neach-gairm aig Coinneamh C&IC.

Dh'fhoillsich an Ceannard Poileasaidh com-pàirt ann an Club Stoc Chaorach Bhoth Fhionndain, agus nochd an t-lar-Neach-gairm com-pàirt ann an Ionaidh Coitcheann Mhangarstaidh.

Chomhairlich an t-lar-Neach-gairm gum bi e fhèin agus an Neach-gairm a' tadhal air Col Uarach ann an Leòdhas an ath sheachdain, gus feuchainn ri cùisean a rèiteach an sin.

Dh'fhaighnich an Coimisean carson a bhathar gu bhith a' coimhead ri Cumhachan Iomraidh aig an ath choinneamh, agus chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gun robhar an toiseach airson na Comataidh Ghearanan coimhead ri gearanan a fhuair an Coimisean agus coimhead ri leasan a chaidh ionnsachadh, gus an t-seirbheis a tha sinn a' solarachadh don luchd-dèiligidh againn a leasachadh. Ach tha a' Chomataidh air a bhith a' dèiligeadh le cùisean toinnte agus dileib agus bhathar a' faireachdainn gum bu chòir coimhead ri dleastanas na Comataidh agus a shoilleireachadh.

Bidh co-dhùnidhean sam bith gu an tigear mu dhleastanas na Comataidh air an toirt gun làn-Bhòrd airson aonta.

Chomhairlich an t-lar-Neach-gairm gu bheil na staitistigean uile mu ghearanan air an taisbeanadh air làrach-lìn a' Choimisein agus fosgailte do na h-uile.

Chuir an Neach-gairm ann an cuimhne a' Bhùird aon uair 's gum bi co-dhùnadh dèante leis a' Bhòrd, gum bi sin a' seasamh.



## Dreach Geàrr-chunntas bho Choinneamh na Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean air 14 Dàmhair 2015

Chaidh aonta a chur ri dreach Geàrr-chunntas Coinneamh na Comataidh Ghearanan is Sgrùdaidhean air 14 Dàmhair 2015.

### 13 PLANA POILEASaidH

Thaisbean Neach-lagha a' Choimisein am Pàipear agus chomhairlich e gu bheil na h-atharrachaidhean sa Phlana Poileasaidh air abhith a-muigh aig co-chomhairleachadh gu Riaghaltas na h-Alba, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairlean Shealtainn is Arcaibh agus HIE. A thaobh na h-eileamaid di-chroitidh agus cùisean Cùirt an Fhearainn, chaidh dà thionndadh a dhreachadh, A agus B, agus tha Coimiseanairean air comhairleachadh gun fheàrr leotha tionndadh A.

Tha atharrachaidhean sam bith sa Phlana Poileasaidh air an nochdadh ann an dearg.

Chomhairlich an Ceannard Poileasaidh gu bheil na freagairtean air an cuairteachadh gu Coimiseanairean agus thathar an dùil am Plana Poileasaidh ath-sgrùdaichte a chur gun Mhinistear aig deireadh na seachdain-sa.

Tha am Plana a-nis mòran nas co-cheangailte ri reachdas.

Nochd an Coimisean briseadh-dùil nach do fhreagair Comhairlean Shealtainn is Arcaibh don cho-chomhairleachadh.

Bha an Ceannard Poileasaidh airson togail air paragraf 120 air duilleag 23 a thaobh 'Ag Obair le Oighreachdan Mhinistearan na h-Alba'. Bha e cuideachd air duilleag eile a thoirt gu buil fon cheann 'Iomairtean Cruinn-eòlasach (geo-pìleatan)' agus an dèidh deasbaid dh'aontaich an Coimisean gun robh iad ag iarraidh an duilleag eile 'Iomairtean Cruinn-eòlasach (geo-pìleatan)' air a gabhail a-steach don Phlana.

Tha an Coimisean cuideachd airson paragraf 44 air duilleag 10 a thoirt às a' Phlana Poileasaidh, agus an teacs dearg a thoirt à paragraf 89 air duilleag 18.

Chuir an Coimisean aonta ris na h-atharrachaidhean sa Phlana Poileasaidh, leis na h-atharrachaidhean gu h-àrd air an gabhail a-steach ann.

<b>Co-dhùnadh</b>	<b>Dh'aontaich an Coimisean ris na h-atharrachaidhean sa Phlana Poileasaidh leis na h-atharrachaidhean a leanas:</b>  <b>Aig paragraf 120 air duilleag 23 a thaobh 'Ag Obair le Oighreachdan Mhinistearan na h-Alba' cleachd an duilleag eile leis an tìotal 'Iomairtean Cruinn-eòlasach (geo-pìleatan)' na àite.</b>  <b>Thoir paragraf 44 air duilleag 10 às a' Phlana Poileasaidh, agus thoir às an teacs ann an dearg bho pharagraf 89 air duilleag 18.</b>
-------------------	---

### 14 TADHAL BHON Mhinistear

Chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi am Ministear airson Àrainneachd, Atharrachadh Gnàth-shìde agus Ath-leasachadh Fearainn a' coinneachadh ri Coimiseanairean ann an Inbhir Nis air 9 Samhain 2015.

Tadhailidh am Ministear air Greigheach nan Tarbh aig Tuathanas Chnoc nan Gàidheal ann an Inbhir Nis an toiseach, còmhla ri dithis chroitearan òga, Vivienne NicGumaraid

agus Dòmhnall MacFhionghain, ron choinneamh leis na Coimiseanairean ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir. Bidh ceithir taisbeanaidhean goirid ann bho luchd-obrach mu na Mòr-Chuairtean Croitearachd, Co-dhùnaidhean Tiomnaichte, an siostam coimpiutaireachd ùr (CIS) agus ath-leigeil air croit ann am Port nan Long.

Tha Coimiseanairean air togail air àireamh de chùisean a bu mhath leotha a thogail leis a' Mhinistear m.e. sgeama ùr Hogg, a' chùis Taigheadais, Riaghladh, agus cuiridh an Neach-gairm prìomhachas air na cùisean a ghabhas an togail anns an ùine.

## **CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH**

9 Dùbhlachd 2015 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

### **16 GNOTHAICH DEATAMACH SAM BITH**

Chomhairlich an t-Àrd-oifigear gun robh nì aice ri thogail, ach dheigheadh dèiligeadh leis fo Às-dhùnadh a' Phobail 's na Meadhanan.

Thug an Neach-gairm taing do na h-uile airson na coinneimh a fhrithealadh an-diugh, gu h-àraid buill den phoball agus Lucy NicIleMhicheil bho Riaghaltas na h-Alba.

### **17 ÀS-DHÙNADH AIR A' PHOBALL 'S NA MEADHANAN**

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 11:55m.